

Higher Gaelic (Learners) Listening – Society – Online security

In this dialogue you'll hear Catriona interview Calum about online security.

Catriona: Fàilte gu prògram nan naidheachdan. Is mise Catriona Rothach. An-diugh, tha mi a' bruidhinn ri Calum Moireasdan, a tha ag obair ann an teicneòlas. Feasgar math, a Chaluim. Ciamar a tha thu?

Calum: Feasgar math, a Chatriona. Tha mi gu sunndach, tapadh leat.

Catriona: Nise, a Chaluim. Dè an obair a tha agad?

Calum: 'S e eòlaiche choimpiutairean a th' annam a bhios ag obair do chompanaidhean mòra a tha a' reic stuthan air-loidhne. Tha mi gu math trang a' dèanamh cinnteach gu bheil na siostaman aca sàbhailte do luchd-ceannach agus nach eil cothrom aig eucoirich a bhith a' goid an fhiosrachaidh phearsanta aca.

Catriona: 'S e obair mhòr a tha sin. Dè an seòrsa rudan a bhios na h-eucoraich a' feuchainn?

Calum: Bidh iad a' feuchainn ri briseadh a-steach gu coimpiutairean na companaidh airson fiosrachadh mar àireamhan chairtean-creideis, seòlaidhean-taighe agus làithean-breith fhaighinn. Bidh seo a' toirt cothrom dhaibh a dhol a-steach gu cunntasan banca dhaoine agus airgead a ghoid.

Catriona: Mar sin, 's e daoine cunnartach a th' annta.

Calum: Gu fortanach, tha na companaidhean leis am bi mise ag obair glè shàbhailte, mar a tha a' mhòr-chuid de chompanaidhean. Tha sgiobaidhean mòra ag obair fad na h-ùine, a' coimhead airson bhìorasan agus prògraman neònach a tha daoine air a chur a-steach dhan t-siostam. Gu mì-fhortanach, chan fheum na mèirlich a bhith a' dèanamh sin uaireannan oir tha cuid de dhaoine cho mì-fhaiceallach leis an fhiosrachadh phearsanta aca fhèin.

Catriona: Inns dhomh, dè tha thu a' ciallachadh le sin?

Calum: Ro thric, bidh daoine a' creidsinn a h-uile rud a chì iad air-loidhne agus bidh mèirlich a' gabhail brath air a seo. Bidh na mèirlich a' cur

Bitesize

phost-dealain gu daoine ag ràdh gur ann bhon bhanca aca a tha iad agus gum feum iad àireamh a' chunntais banca aca. Bidh na daoine an uair sin ag innse dhaibh agus gheibh na mèirllich a-steach dhan chunntas banca. Bidh daoine a' call a h-uile sgillinn uaireannan!

Catriona: Ciamar as urrainn dhuinn stad a chur air an seo?

Calum: Anns a' chiad dol-a-mach, cha chuir banca fòn no post-dealain thugad ag iarraidh fiosrachadh pearsanta mar sin. Mur eil thu cinnteach, cuir fòn chun bhanca fhèin agus inns dhaibh dè thachair. Na bi a' cleachdadòh làrach-lìn anns nach eil thu a' cur earbsa. Dèan cinnteach gu bheil bathar-bog freagarrach air a' choimpiutair agad airson bhiorasan a chasg cuideachd.

Catriona: A bheil comhairle sam bith eile agad do dhaoine airson a bhith sàbhailte nuair a bhios iad air-loidhne?

Calum: Tha dithis chloinne agam fhèin agus bidh iad a' cleachdadòh nam meadhanan sòisealta. Bidh mi ag innse dhaibh gum bu chòir dhaibh na cunntasan aca a chumail priobhaideach agus gun a bhith a' gabhail ri duine sam bith air nach eil iad eòlach. Tha e cudromach a bhith a' cumail fhaclan-faire diòmhair cuideachd.

Catriona: Bha sin glè inntinneach, ach caran eagalach, a Chaluim. Tha mi an dòchas gun cuidich e daoine. Tapadh leat airson tighinn a-steach an-diugh.

Calum: Tha mi an dòchas gun cuidich. 'S e do bheatha.